# Candidate 3 evidence

Hiort: Eachdraidh gun choimeas

'S e Hiort buidheann de h-eileanan a tha anns a' phàirt as iomallaichte de Bhreatainn. Tha na h-eileanan 65 cilemeatairean air falbh bhon Uibhist a Tuath agus tha iad pàirt dhan bholcàno a bha ann 60 millean bliadhna air ais, a tha a-nis fon a' mhuir. Air sgath seo tha an tìre gu math àlainn agus iongantach. Tha an t-eilean nas motha leis an t-ainm Hiorta agus tha trì eileanan eile ann cuideachd nach eil cho mhòr - Boraraigh, Sòthaigh agus Dùn, ach tha Boraraigh fada air falbh bhon na h-eileanan eile. Tha cuideachd trì stacan mara ann leis an t-ainm Lìbhinis, Stac an Àrmainn agus Stac Lì. (Angela Gannon agus George Geddes, 2015 'St kilda The Last and Outmost Isle')

Ach, carson a tha Hiort cho ainmeil?
Chan eil dìreach an tìr iongantach a tha e cho ainmeil airson idir, tha an t-eilean cuideachd ainmeil airson tòrr diofar nàdar a tha fuireach ann le tòrr coloinidhean mòra de eòin-mhara agus tòrr diofar beathaichean àraid eile...

Tha iad cuideachd ainmeil airson tha na bearraidhean mara as àirde anns a' Bhreatainn leis an t-ainm Conachair air an h-eilean Hiorta, a tha nas motha na 1400 troigh a dh'àirde.

Air mullach a h-uile sin gè-ta, bha daoine a' fuireach air nanh-eileanan bho àm ro-eachdraidheil ach dh' fhàgail na daoine mu dheireadh anns an 1930, air an 29mh dhen Lùnastal oir gu robh beatha a' fighinn ro doirbh. (https://www.kilda.org-uk/frame1.htm) (http://www.e-storas.com/resources/educationScotlandMicrosites/Scotland-history-gaelic/gaidhlig.educationscotland.gov.uk/Scotlandhistory/20thand21stcentuaries/Leavingstkilda/index.html)

Anns an 1930, nuair a dh'fhàg na daoine mu dheireadh, bha dìreach 36 daoine ann ach aig aon àm ùine air ais bha ceudan de dhaoine a' fuireach air an h-eilean Hiort còmhla ri chèile. Bha na h-eileanan diofar gu an saoghal a-muigh agus bha iad a' deanamh a h-uile ni anns an doigh aca fhèin. Cha robh iad a' cleachdadh airgead sam bith agus bha iad dìreach

cuideachadh a chèile nuair a bha duine feumail air rudeigin. Nuair a chaidh na Hiortaich gu an tìr-mhòr, agus cha robh sin tric idir, bha airgead rud gu math ùr dhaibh uile.

Bha caoraich, beagan crodh agus bàrr beag de bhuntàta, eòrna agus arbhar ann - ach cha robh seo biadh gu leòr airson a' bhliadhna air fad. A chòrr dhan a' bhliadhna bha iad ag ithe eòin, ach cha robh iad furasta a' faighinn idir agus bha e obair gu math cunnartach. Ach, as aonais eòin bha e eu-comasach a' fuireach air an h-eilean air sgath gu robh e cho iomallaichte.

Air an t-eilean bha iad uile gu lèir Crìosdaidhean agus bho àm gu àm bha iad a' faighinn ministear bhon tìr-mhòr airson tighinn gu Hiort agus a' fuirich còmhla riuthe. Bha eaglais ann agus bha iad a' leughaidh a' Bhìobaill a h-uile madainn agus oidhche

bha iad cuideachd a' deanamh ùmaigh a chèile tric.

Air Hiort bha Gaidhlig an prìomh-cànan aig agus bha sin a' chànan a bha iad uile a' bhruidhinn. Bha seo air sgàth gu robh iad bho Na h-Eileanan Siar àm fada air ais. Air sgàth seo bha tòrr facail diofariachte anns a' Ghàidhlig a bha iad a' bhruidhinn nach robh na daoine air an tìr-mhòr a' cleachdadh agus bha an cànan seo gu math sònraichte dhaibh. (https://www.kilda.org.uk/weekildaguide/guide23.htm).

Aig toiseach a h-uile latha anns an seachdain ach Latha na Sàbaid, oir gu robh sin airson fois, bha a h-uile fìr air an t-eilean air fad a' tighinn ri chèile air an t-sràid agus a' deanamh co-dhùnadh mu dheadhinn cò a 'bheil a' deanamh dè airson an latha air adhart. Bha iad ag ràdh gu robh e 'am pàrlamaid' ach bha e diofar air sgàth nach robh riaghailtean sam

bith ann, bha iad dìreach a' bruidhinn ri chèile. Ach, nuair a bha thu airson rudeigin a' dhèanamh, fheumaidh tu ag ràdh gu a h-uile duine eile a bha ann. Bha iad cuideachd a' cleachdadh an àm airson bruidhinn mu dheidhinn diofar rudan neo-fhoirmeil mar an aimsir agus a' mhuir, neo de a rinn iad an latha an-dè. Thuirt Seoras Washington Wilson - duine a bha togail dealbhan air an t-eilean anns na 1880an - seo, "Beyond the reach of the laws that govern this realm they make their own laws." Bha e cuideachd ag ràdh gun robh iad uaireannan a' bhruidhinn airson an latha air fad, agus uaireannan bha iad dìreach a' bhruidhinn airson àm goirid. (https://www.ambaile.org.uk/detail/en/38917/1/EN38917-the-st-kilda-parliament.htm).

'S e nàdar rud gu math eudromach air na h-eileanan cuideachd le tòrr diofar beathaichean sònraichte a tha duthchasach gu Hiort agus

nach eil thu a' faighinn àite eile sam bith. Mar eisimpleir tha seòrsa de dreathan donn a tha sònraichte gu Hiort agus tha dà diofar luch a tha eadar-dhealaichte bhon feadhainn air tìr-mhòr, tha iad nas motha agus nas làidir. Tha caoraich sònraichte ann cuideachd nach lorg thu ann an àite sam bith eile anns an t-saoghal air fad, agus tha iad a' fuireach air an t-eilean leis an t-ainm Sòthaigh.

Tha Hiort cuideachd gu math ainmeil airson tha tòrr eòin a' cleachdach na buidheann de h-eileanan airson an dachaigh aca. Tha an cruinneachadh as motha de bhuthaidean anns a' Bhreatainn a' fuirich air Hiort le mu 140,000 càraid. Tha cuideachd an cruinneachadh as motha de shùlairean anns an t-saoghal air fad air an t-eilean Boraraigh. (St Kilda National Nature Reserve Leaflet, 'A World Apart'/ 'Saoghal Air Leth').

Dh' fhàg na 36 daoine mu dheireadh an t-eilean air an 29mh dhen Lùnastail 1930 oir gu robh beatha air an t-eilean a' fàs ro dhoirbh air sgath gu robh iad anns an iomallaich air an t-eilean. Nuair a dh'fhàg iad an t-eilean, dh' fhàg iad Bhìobhaill suidhichte fosgailte anns a h-uile taigh air an h-eilean air fad oir gu robh sin an traidiseanta a bha iad a' deanamh. Ach, nuair a dh'fhàg iad an t-eilean dh' fheumaidh iad mòran de na stuthan aca fhàgail oir gu robh an turas cho fada, ach cha do stad sin iad a thoirt na caoraich idir, bha cha mhòr nach 500 caora ann! Air sgàth seo dh' fheumaidh iad a thoirt na caoraich anns an bhuidhnean.

Ach cha robh e iongnadh gun feumaidh iad falbh às, bho thàinig iad gu ceangal ris an t-saoghal a-muigh thòisich an dualchas aca a' bhàsachaidh. Nuair a thòisich iad a' tighinn ri

chèile leis an t-saoghal a-muigh bha a 'bheatha aige a'faighinn rò dhuilich agus thoisich daoine a' falbh bhon h-eilean. Anns an 1852 dh' fhàg 30 daoine airson Astràilia, a' coimhead airson beatha nas fheàrr. Ach cha robh iad toilichte agus chaidh tòrr dhan na Hiortaich air ais gu Hiort as deidh àm goirid.

Nuair a dh' fhàg na 36 daoine mu dhèireadh gu an tìr-mhòr anns na 1930an, chaidh tòrr dhan na Hiortaich gu dùthachan mar Astràilia agus Sealltainn Nuaidh. Chun an latha an-diugh tha àite ann an Astràilia agus ann an Seallainn Nuaidh leis an ainm 'St kilda'. (Steel, T 1975 'The Life and Death of St. kilda').

Tha an eachdraidh mu dheidhinn Hiort sgeulachd gu math iongantach a tha gu math inntinneach – a' smaoineachadh gun 's urrainn daoine a bhith beò ann an àite cho iomallach air falbh bhon an

saoghal timcheall. Ach, aig an aon àm tha e cuideachd gu math brònach airson bha e an saoghal a-miugh a thug na Hiortaich far an eilean anns a' cheann thall oir thòisich iad a' daingneachadh air an t-saoghal a-miugh. Chaill iad an neo-eisimeileachd nuair a bha fios aca gun urrainn iad a' faighinn rudan bho an tìr-mhòr. Às aonais an saoghal a-miugh is dòcha gum bitheadh iad fhathast ann an-dù.

Bha an Eachdraidh na Hiortaich cho inntineach agus bha iad cho diofar le beatha cho eadar-dhealaichte ri daoine sam bith eile. Ach aig an deireach bha e cùs airson na Hiortaich agus bha feum aca dh' fhàgail. Chur leasachadh an sgrios air dualchas.

(Angela Gannon and George Geddes, 2015 'St Kilda The Last and Outmost Isle')
(https://www.kilda.org.uk/frame1.htm)
(http://www.e-storas.com/resources/educationScotlandMicrosites/Scotland-history-gaelic/gaidhlig.educationscotland.gov.uk/scotlandhistory/20thand

21stcentuaries/leavingstkilda/index.html).
(https://www.kilda.org.uk/weekildaguide/guide23.htm).
(https://www.ambaile.org.uk/detail/en/38917/1/EN38917-the-st-kilda-parliament.htm.)
(St Kilda National Nature Reserve Leaflet, 'A World Apart'/'Saoghal: Air leth').
(Steel, T 1975 'The Life and Death of St Kilda).

Àireamh facal: 1254